

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Tòmas Sinton

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleam@bbc.co.uk. This is Litir 882. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 882 corresponds to Litir 578.

An t-seachdain sa chaidh, bha sinn a’ toirt sùil air dàn leis a’ bhàrd Uilleam Ruighe ’n Uidhe. Bha Uilleam mion-eòlach air a’ Mhonadh Ruadh. Fhuair mi grèim air an dàn anns an leabhar *The Poetry of Badenoch* leis an Urr. Tòmas Sinton.

Nuair a nochd an leabhar, bha Sinton na mhinistear ann an Dubhras, taobh Loch Nis. Ach bhuineadh e do Bhàideanach. Rugadh is thogadh e ann an Obar Àrdair taobh Loch Lagain. Bha e aithnichte mar sgoilear Gàidhlig agus bha e cuideachd na bhàrd. Sgrìobh e mu dheidhinn Loch Lagain agus dualchas nàdarraich na sgìre.

’S e fear de na h-eòin a b’ fheàrr a chòrd ris – an tàrmachan. Bu mhath leam earrannan a leughadh dhuibh à dàn a sgrìobh Sinton mun tàrmachan. Seo rann a tha a’ dèanamh tuairisgeul dhen eun agus cho comasach ’s a tha e a bhith a’ seasamh ri droch shìde a’ gheamhraidh anns na beanntan:

*Ged bhrùchdas na chathadh,
An sneachd le clach-mheallain,
Cha chuir e ort farann
No smàl air do shùil;
Air dìonadh bho chunnart,
Ri gear ’s fearas-chuideachd,
Geal-doimhneachd na cuithe
Gur dùnadh mun cuairt.*

Tha sin a’ togail dealbh, nach eil? ’S toigh leam an loidhne – Geal-doimhneachd na cuithe gur dùnadh mun cuairt.

Is toigh leam an siathamh rann dhen dàn seo, oir tha am bàrd ag ainmeachadh lusan nam beann a bhiodh na tàrmachain ag ithe. Tha e ag ainmeachadh dearcagan-fithich – *crowberries* – agus oighreagan – *cloudberries*. Seo an rann:

*Bu mhiann leat ’bhith criomadh
Feur-creachainn bu mhilis
Nan dearcagan-fithich
’S nan oighreagan maoth;
’S gun toir thu sgrìob ealamh
Air tòir nan lus ainneamh
’S na glacagan ’s aithn’ dhut
Air leacainn an fhraoich.*

Sgrìobh Sinton dàn cuideachd air a bheil an tìotal *’N Coille Chnò Taobh Loch Lagain*. Tha ‘coille chnò’ a’ ciallachadh *‘hazel wood’* – far am faighear cnothan-calltainn. Bha Sinton measail air bòidhchead nàdair. Anns an dàrna rann, tha am bàrd ag ainmeachadh trì beanntan – Beinn Eallair (no Ben Alder) fada gu deas air Loch Lagain, agus na Binneanan a tha ri taobh an locha air an taobh

a deas. 'S iad sin am Binnean Shuas agus am Binnean Shìos. Ann am Bàideanach tha *shuas* a' ciallachadh 'westerly' agus tha *shìos* a' ciallachadh 'easterly'. Bhiodh na daoine a' dol 'suas gu siar' agus 'sìos gu sear'. Co-dhiù, seo an dàrna rann:

*Bha Beinn Eallair fada thall,
Ann an sàmhchair na madainn;
Bha na Binneanan le 'n crann',
'Snàmh gu fann fo Loch Lagain.*

Agus seo agaibh an treas agus ceathramh rann còmhla. Tha am bàrd a' dèanamh tuairisgeul dhen adhar, lusan agus caoraich sa mhonadh:

*Breac a' mhuiltein air an speur,
'S an uisge rèidh 'laigh gun mhilleadh;
Na h-eòin bhuchlach feadh nan geug,
'Cheileir fhèin aig gach ribheid.
Caochan beag ri ciurlan mìn,
Lus bhan-sìth leth ga fhalach;
Bha an fheudail air an fheur,
Bha na caoraich sa mhonadh*

Uaireannan tha seann bhàrdachd feumail ann a bhith a' toirt fiosrachadh dhuinn mun àrainneachd aig an àm a chaidh a sgrìobhadh. Tha coilltean brèagha fhathast timcheall Loch Lagain agus far an robh Tòmas Sinton air a thogail, tha tèarmann nàdair nàiseanta ann a-nise. Tha mi an dùil gum bi coille chnò taobh Loch Lagain airson ùine mhòr fhathast.

* * * * *

Faclan na Litreach: Obar Àrdair: *Aberarder*; Loch Lagain: *Loch Laggan*; maoth: *soft, tender*; feudail: *cattle*; tèarmann nàdair nàiseanta: *national nature reserve*.

Abairtean na Litreach: bha Sinton na mhinistear ann an Dubhras: *Sinton was a minister in Dores*; bhuineadh e do Bhàideanach: *he belonged to Badenoch*; 's e fear de na h-eòin a b' fheàrr a chòrd ris – an tàrmachan: *one of the birds that he liked the most was the ptarmigan*; bu mhath leam earrannan a leughadh dhuibh à dàn: *I would like to read you passages from a poem*; a' dèanamh tuairisgeul dhen eun: *describing the bird*; seasamh ri droch shìde a' gheamhraidh: *withstanding the bad winter weather*; ged [a] bhrùchdas na chathadh, an sneachd le clach-mheallain: *although the snow mixed with hail bursts forth in a drift*; cha chuir e ort farann no smàl air do shùil: *it will not fret you or dim your eye*; ri gean 's fearas-chuideachd: *in playful companionship*; geal-doimhneachd na cuithe gur dùnadh mun cuairt: *the white depth of the snow wreath completely surrounding you*; 'bhith criomadh feur-creachainn bu mhilis: *nibbling the sweet grass of the stony summits*; sgrìob ealamh air tòir nan lus ainneamh: *a nimble journey in search of the rare plants*; 's na glacagan 's aithn' dhut air leacainn an fhraoich: *the wee hollows you know on the heathery hillside*; bha na Binneanan le 'n crann', 'snàmh gu fann fo Loch Lagain: *the Binneans with their trees float softly in Loch Laggan*; na h-eòin bhuchlach feadh nan geug: *the birds nestling among the branches*; 'cheileir fhèin aig gach ribheid: *each 'reed' making its own song*; caochan beag ri ciurlan mìn, lus bhan-sìth leth ga fhalach: *a streamlet gently purred, half-concealed from view by foxglove*.

Puing-chànain na Litreach: In Badenoch Gaelic 'shuas' and 'shìos' are used for 'westerly' and 'easterly' respectively in paired place names. This is likely to be based on the mountains (arguably) becoming higher towards the west and predates the cartographic convention of 'north' being 'up'. In other parts of the Gàidhealtachd, 'north' is 'down' and 'south' is 'up'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: *Breac a' mhuiltein air an speur*: the sky is *dappled with cirrocumulus clouds*. Literally it appears to mean 'the dappling of the small wether'. Such a sky is supposed to presage good weather.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA